

Litir do Luchd-Ionnsachaidh le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk **

‘Air Gaidhealtachd na h-Alba,’ leugh mi o chionn ghoirid, ‘tha e na chleachdadh aig a’ mhòr-shluagh a bhith ri cur-seachad anns a’ gheamhradh, air a bheil “iomain”... Thig buidhnean mòra cruinn ann an saor-làithean na Nollaig, uaireannan le dàrna paraiste a’ cluich an aghaidh tè eile. Anns an spàirn eadar na cluicheadairean, nithear buillean cruaidh, agus gu tric bidh lurgann air a briseadh, no bho àm gu àm tachraidh tubaist nas miosa na sin.’

Chaidh an tuairisgeul sin de spòrs nàiseanta nan Gaidheal a sgrìobhadh o chionn fhada – ann an ochd-deug, trithead ’s a còig (1835). Agus, uill, dh’fhaodadh gu bheil e fìor gu ìre fhathast, ged a tha beagan òrdugh anns na geamannan an là an-diugh.

’S dòcha gur e an geam as ainmeile a th’ air a chluich ann am meadhan a’ gheamhraidh an-diugh, am fear aig àm na Bliadhna Ùire eadar dà sgioba faisg air Inbhir Nis – Lòbhat, a tha stèidhichte ann an Cill Targhlain, agus a’ Mhanachainn. Tha iad nan nàbannan do chèile agus bidh còmhstri mhòr ann eatarra. Am-bliadhna, bha an geam air an dàrna là dhen Fhaoilleach anns a’ Mhanachainn agus thàinig sluagh mòr ga choimhead.

Agus bha spàirn gu leòr ann. Fhuair aon chluicheadair, airson na Manachainn, sgleog air a cheann agus bha fuil a’ sruthadh às a’ chluais aige. Ach chan eil an iomain mar a tha spòrs eile. Chithear, fiù ’s ann an rugbaidh, gu feum cluicheadair a’ phàirc fhàgail ma bhios fuil a’ sruthadh às. Is, gu dearbh, tha daoine gu math faiceallach an-diugh mun dòigh ’s a bheil iad a’ dèiligeadh ri fuil, eagal ’s nach gabh iad galar air choreigin.

Ach tha iomain eadar-dhealaichte. As dèidh greis, gun iartras sam bith bhon chluicheadair, rinn an rèitire fead agus rinn feadhainn cobhair air a’ chluicheadair. Cha tàinig e far na pàirce, ge-tà. Chaidh uisge a dhortadh air a chluais, chaidh a shuathadh le spong mòr, agus a thormachadh le searbhadair, agus rinn an rèitire fead a-rithist, is lean an geam. Cha do rinn an cluicheadair bìog de ghearan. Chan e sin an dòigh aig cluicheadairean iomain!

Tha e inntinneach anns an t-seann airteagal gu robh an iomain air a comharrachadh mar spòrs geamhraidh, oir ’s e sin a th’ ann fhathast, agus tha eachdraidh mhòr aig geamannan na Bliadhna Ùire. Ach tha beachd aig cuid ann an saoghal na h-iomain gum bu chòir dhaibh cluich as t-samhradh agus feumaidh na clubaichean beachdachadh air.

Saoilidh mise gur e deagh rud a bhiodh ann, oir ’s e spòrs a th’ ann a tha nas fheàrr air pàirc thioram luath, seach air feur fliuch trom a’ gheamhraidh. Uaireannan, tha na geamannan as t-samhradh, mar Chuairt Dheireannach Chupa na Camanachd, air leth math. Tha a’ ghrian a’ deàrrsadh, tha i blàth, agus tha na cluicheadairean is an luchd-coimhead air an dòigh. Agus, air a’ Ghaidhealtachd, chan eil spòrs mòr sam bith eile a’ dol, oir tha seusan a’ bhall-coise seachad. Chanainn gur e sin an argamaid as mò a th’ ann airson iomain a chluich as t-samhradh – nach bi i ann am farpais le ball-coise. Cha robh farpais sam bith ann bho bhall-coise ann an ochd-deug, trithead ’s a còig.

Seo pìos eile dhen airteagal, agus mar a bhuannaich aon sgioba: ‘Chunnaic an sgrìobhadair geam anns an do ruith fear de na cluicheadairean ... mìle leis a’ bhall na làimh, agus an sgioba aige fhèin agus an fheadhainn eile, an tòir air, gus an do ràinig e an ceann thall.’ Chan fhaod thu tadhal a chur mar sin ann an iomain an-diugh!

* * *

Faclan na seachdaine: cur-seachad: *pastime*; iomain: *shinty*; paraiste: *parish*; spàirn: *struggle*; tuairisgeul: *description*; fead: *whistle*; searbhadair: *towel*; bìog: *cheep*; clubaichean: *clubs*; Cuairt Dheireannach Chupa na Camanachd: *the Camanachd Cup Final*; seusan: *season (as in football, shinty)*.

Abairtean na seachdaine: tha e na chleachdadh aig a’ mhòr-shluagh: *it is customary for the population*; ann an saor-làithean na Nollaig: *in the Christmas holidays*; nithear buillean cruaidh: *heavy blows are struck*; bidh lurgann air a bhriseadh: *a shin is broken*; Lòbhat a tha stèidhichte ann an Cill Targhlain, agus a’ Mhanachainn: *Lovat, which is based in Kiltarlity, and Beauly*; bidh còmhstri mhòr ann eatarra: *there is great rivalry between them*; air an dàrna là dhen Fhaoilleach: *on the 2nd of January*; bha fuil a’ sruthadh às a’ chluais aige: *blood was running from his ear (not internally, thank goodness!)*; gu feum cluicheadair a’ phàirc fhàgail: *that a player must leave the field of play*; eagal ’s nach gabh iad galar air choreigin: *for fear of catching some disease or other*; rinn feadhainn cobhair air a’ chluicheadair: *some people gave the player assistance*; cha tàinig e far na pàirce: *he did not come off the field of play*; chaidh a shuathadh le spong mòr: *he was rubbed with a large sponge*; mìle leis a’ bhall na làimh: *a mile with the ball in his hand*; an tòir air, gus an do ràinig e an ceann thall: *in pursuit of him, until he reached the far end*; chan fhaod thu tadhal a chur mar sin: *you can’t score a goal in that manner*.

Puing-ghràmar na seachdaine: Agus, air a’ Ghaidhealtachd, chan eil spòrs mòr sam bith eile a’ dol: *and, in the Highlands/Gaidhealtachd, no other major sport is taking place. Have you noticed how frequently the roimhear, or preposition, in Gaelic does not correspond strictly to the preposition used in the equivalent phrase in English? There are a number of place-names in which the Gaelic equivalent of the preposition ‘in’, which would normally be ‘ann an/anns an’, must be disregarded, for its use would be wrong. The idiomatically correct preposition is ‘air’, meaning ‘on’ as in air a’ Ghaidhealtachd and air a’ Ghalldachd (in the Lowlands). Note also the example at the start of the Litir: air Gaidhealtachd na h-Alba. It is important to know such examples in your own community. For example, if you live in Lewis, remember that we say air a’ Bhac for ‘in Back’ and not anns a’ Bhac. Similarly, air na Lochan means ‘in Lochs’ (a parish in Lewis). In Harris, air an Tairbeart is the equivalent for ‘in Tarbert’. And in Ross-shire, we say ‘air a’ Chomraich’ (literally ‘on the Sanctuary’) for ‘in Applecross’. Sometimes it works the other way. For example ‘on Skye’ is anns an Eilean Sgitheanach, not air an Eilean Sgitheanach. And ‘on Barra’ is ann am Barraigh.*

Gnàths-cainnt na seachdaine: Fhuair aon chluicheadair sgleog air a cheann: *one player received a blow on his head. Sgleog means a sharp blow or slap.*

* “*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig